<i>An Gearasdan</i>	- -	Fort William
<i>Port-rìgh</i>	- -	Portree
<i>Tobar-Mhoire</i>	- -	Tobermory
<i>Peairt</i>	- -	Perth
<i>Cill-Rìmhinn</i>	- -	St. Andrews
<i>Obar-Bhrothaig</i>	- -	Arbroath

II. Other:

<i>Eirinn</i>	- - -	Ireland
<i>A' Chuimrigh</i>	- - -	Wales
<i>Sasuinn</i>	- - -	England
<i>Lochlainn</i>	- - -	Scandinavia
<i>An Fhraing</i>	- - -	France
<i>A' Ghearmailt</i>	- - -	Germany
<i>An Eadailt</i>	- - -	Italy
<i>An Ruis</i>	- - -	Russia
<i>Canada</i>	- - -	Canada
<i>Ameireaga</i>	- - -	America

Personal Names (Christian)

Boys		Girls	
<i>Ailean</i>	Allan	<i>Anna</i>	Ann, Annie
<i>Alasdair</i>	Alexander	<i>Beathag</i>	Sophia, Rebecca
<i>Anndra</i>	Andrew	<i>Cairistiona</i>	Christina
<i>Aonghas</i>	Angus	<i>Ealasaid</i>	Elizabeth
<i>Calum</i>	Malcolm, Callum	<i>Fionnghal</i>	Flora
<i>Coinneach</i>	Kenneth	<i>Mairead</i>	Margaret
<i>Dàibhidh</i>	David	<i>Màiri</i>	Mary
<i>Diarmad</i>	Dermid	<i>Marsaili</i>	Marjory
<i>Dòmhnall</i>	Donald	<i>Mòr, Mòrag</i>	Marion, Sarah
<i>Donnchadh</i>	Duncan	<i>Muireall</i>	Muriel
<i>Dùbhghlas</i>	Douglas	<i>Oighrig</i>	Euphemia, Effie
<i>Dùghall</i>	Dugald	<i>Raonaid</i>	Rachel
<i>Eachann</i>	Hector	<i>Sèdraid</i>	Janet, Jessie
<i>Eòghann</i>	Ewan, Ewen, Hugh	<i>Sìlis</i>	Julia, Cicely
<i>Fearchar</i>	Farquhar	<i>Sìne</i>	Jane, Jean
<i>Fionnlagh</i>	Finlay	<i>Sorcha</i>	Clara
<i>Gilleasbuig</i>	Archie		
<i>Iain</i>	John		
<i>Maolmoire</i>	Myles		
<i>Niall</i>	Neil		
<i>Pàdraig</i>	Peter, Patrick		
<i>Raghnall</i>	Ranald		
<i>Raibeart</i>	Robert		
<i>Ruairidh</i>	Roderick		
<i>Seumas</i>	James		
<i>Somhairle</i>	Somerled, Samuel		
<i>Teàrlach</i>	Charles		
<i>Tormod</i>	Norman		
<i>Torcall</i>	Torquil -?		
<i>Uilleam</i>	William		
<i>Uisdean</i>	Hugh		

Personal Names (Surnames)

Gaelic				English
<i>Bochanan</i>	-	-	-	Buchanan
<i>Caimbeul</i>	-	-	-	Campbell
<i>Camshron</i>	-	-	-	Cameron
<i>Friseal</i>	-	-	-	Fraser
<i>Grannnda</i>	-	-	-	Grant
<i>Mac a' Ghobhainn</i>	-	-	-	Smith
<i>Mac a' Phearsain</i>	-	-	-	Macpherson
<i>Mac a' Phì</i>	-	-	-	MacPhee
<i>MacAmhlaigh</i>	-	-	-	MacAulay
<i>Mac an Aba</i>	-	-	-	Macnab
<i>Mac an t-Saoir</i>	-	-	-	Macintyre
<i>Mac an Tòisich</i>	-	-	-	Macintosh
<i>MacAoidh</i>	-	-	-	Mackay
<i>MacAonghais</i>	-	-	-	Macinnes
<i>MacArtair</i>	-	-	-	MacArthur
<i>MacAsgaill</i>	-	-	-	MacAskill
<i>MacCalmain</i>	-	-	-	Murchison
<i>MacCoinnich</i>	-	-	-	Mackenzie
<i>MacDhòmhnail</i>	-	-	-	MacDonald
<i>MacDhonnchaidh</i>	-	-	-	Robertson
<i>MacFhearghuis</i>	-	-	-	Ferguson
<i>MacFhionghuin</i>	-	-	-	Mackinnon
<i>MacGhillEathain</i>	-	-	-	Maclean
<i>MacGillÌosa</i>	-	-	-	Gillies
<i>MacGilleMhoire</i>	-	-	-	Morrison
<i>MacGriogair</i>	-	-	-	MacGregor
<i>MacIomhair</i>	-	-	-	Maciver
<i>MacLeòid</i>	-	-	-	MacLeod
<i>MacMhaoilein</i>	-	-	-	Macmillan
<i>MacMhathain</i>	-	-	-	Matheson
<i>MacNeacail</i>	-	-	-	Nicolson
<i>MacNèill</i>	-	-	-	NacNeill

Gaelic			English
<i>MacPhàil</i>	-	-	MacPhail
<i>MacRath</i>	-	-	Macrae
<i>MacSuain</i>	-	-	MacSween
<i>MacThòmais</i>	-	-	Thomson
<i>Ros, Rosach</i>	-	-	Ross
<i>Rothach</i>	-	-	Munro
<i>Stiùbhart</i>	-	-	Stewart
<i>Urchardan</i>	-	-	Urquhart

Trades, occupations, professions

Gaelic			English
<i>bean-tighe</i>	-	-	housewife
<i>croitear</i>	-	-	crofter
<i>tuathanach</i>	-	-	farmer
<i>iasgair</i>	-	-	fisherman
<i>sealgair</i>	-	-	hunter
<i>geamair</i>	-	-	gamekeeper
<i>maraidhe</i>	-	-	seaman, sailor
<i>saor</i>	-	-	joiner
<i>gobha</i>	-	-	blacksmith
<i>greusaiche</i>	-	-	shoemaker
<i>innleadair</i>	-	-	engineer
<i>fear-teagaisg</i>	-	-	teacher (male)
<i>bean-teagaisg</i>	-	-	teacher (female)
<i>banaltrum</i>	-	-	nurse
<i>fear-lagha</i>	-	-	lawyer
<i>lighiche</i>	-	-	medical doctor
<i>dotair</i>	-	-	
<i>ceannaiche</i>	-	-	merchant
<i>gille-bùtha</i>	-	-	shop assistant (male)
<i>nighean-bùtha</i>	-	-	shop assistant (female)
<i>ban-rùnaire</i>	-	-	secretary (female)
<i>còcaire</i>	-	-	cook
<i>plumair</i>	-	-	plumber
<i>aittire</i>	-	-	architect
<i>posta</i>	-	-	postman

Reading and Writing

Gaelic			English
<i>leughadh</i>	-	-	reading
<i>sgriobhadh</i>	-	-	writing
<i>pàipear</i>	-	-	paper
<i>pàipear-naidheachd</i>	-	-	newspaper
<i>iris</i>	-	-	periodical
<i>ràitheachan</i>	-	-	quarterly
<i>duilleag</i>	-	-	page
<i>peann</i>	-	-	pen
<i>peansail</i>	-	-	pencil
<i>dubh</i>	-	-	ink
<i>biro</i>	-	-	biro
<i>sgèulachd</i>	-	-	story
<i>nobhail</i>	-	-	novel
<i>bàrdachd</i>	-	-	poetry
<i>dealbh-chluich</i>	-	-	play
<i>òran/amhran</i>	-	-	song
<i>aiste</i>	-	-	essay
<i>litir</i>	-	-	letter
<i>faclair</i>	-	-	dictionary
<i>sgriobhadair</i>	-	-	writer (male)
<i>ban-sgrìobhadair</i>	-	-	writer (female)
<i>clò-sgrìobhadair</i>	-	-	typewriter

A Short Selection of Scientific Terms

Gaelic			English
<i>ealdhain</i>	-	-	science
<i>obair-lann</i>	-	-	laboratory
<i>matamataic</i>	-	-	mathematics
<i>fisic</i>	-	-	physics
<i>ceimiceachd</i>	-	-	chemistry
<i>bith-eòlas</i>	-	-	biology
<i>tìr-eòlas</i>	-	-	geography
<i>gas</i>	-	-	gas
<i>dealan</i>	-	-	electricity
<i>gintinneachd</i>	-	-	genetics
<i>gine</i>	-	-	gene
<i>cealla</i>	-	-	cell
<i>vìoras</i>	-	-	virus
<i>reul-eòlas</i>	-	-	astronomy
<i>niùclasach</i>	-	-	nuclear
<i>ùir-ealdhain</i>	-	-	soil science
<i>àrsaidheachd</i>	-	-	archaeology
<i>innleadaireachd</i>	-	-	engineering
<i>miol-eòlas</i>	-	-	zoology
<i>lèigh-eòlas</i>	-	-	medicine

Phrases: Trades, Occupations, etc.

- Dé an t-ainm a th' ort?* : What's your name?
Tha Dòmhnall MacCoinnich : Donald Mackenzie
Tha Sìne NicCoinnich : Jean Mackenzie
Tha m'athair 'na chroitear, agus tha mo bhràthair 'na mharaiche, agus mo phiuthar 'na ban-rùnaire : My father is a crofter, and my brother a sailor, and my sister a secretary
Cheannaich an saor fiodh, agus rinn e uinneagan agus dorsan do'n tigh againn : The joiner bought wood, and made windows and doors for our house
Tha am fear-lagha a' cur seachad an latha fada a' leughadh agus a' sgrìobhadh : The lawyer spends the whole (lit. long) day reading and writing
Bha an greusaiche a' càradh mo bhrògan dhomh : The shoemaker was mending my shoes for me
Thàinig an dotair an dé agus mo mhàthair tinn : The doctor came yesterday, as my mother was ill
Bha na h-innleadairean trang a' cur einnsean ùr anns a' chàr agam : The engineers were busy putting a new engine in my car
Tha an ceimicear ag obair anns an obair-lann : The chemist is at work in the laboratory
Tha mòran matamataic a dhìth air duine a tha ag obair air fisic niùclasach : The nuclear physicist needs a wide knowledge of mathematics
Tha an sgrìobhaiche toilichte a bhi a' deanamh bàrdachd no sgeulachdan : The writer is happy making poetry or stories

Going on Holiday

Gaelic	English
<i>làithean-saora</i>	holidays
<i>saor-làithean</i>	
<i>trèana</i>	train
<i>càr</i>	car
<i>pleuna</i>	plane
<i>laimrig-adhair</i>	airport
<i>aerphort</i>	
<i>bàta</i>	boat
<i>bileag</i>	ticket
<i>tigh-òsda</i>	hotel
<i>a' dol mu thuath</i>	going north
<i>a' dol a-null thairis</i>	going abroad
<i>a' tilleadh dhachaidh</i>	coming back home
<i>motor-shlighe</i>	motorway
<i>cead-dol-thairis</i>	foreign passport
<i>treallaichean</i>	luggage
<i>seòmar-fuirich</i>	waiting-room

Holiday Phrases

Cuin a bhios na làithean-saora agad? : When do you get your holidays?

A' chiad dà sheachdain de'n Iuchar : The first two weeks of July

Càite bheil thu dol? : Where are you going?

Tha mi a' dol mu thuath : I am going north

Tha mo bhràthair a' dol a-null thairis : My brother is going abroad

Tha mi dol a cheannach bileag na trèana : I am going to buy my train ticket

Tha mise dol air a' phleuna : I am going by plane

Tha is mise. Chì mi aig an aerphort thu : I am too. I'll see you at the airport

Na dìochuimhnich a dhol do'n bhanc : Don't forget to go to the bank

Agus faigh do chead-dol-thairis : And get your passport

Bithidh mi air a' bhàta oidhche Di-h-aoine : I will be on the boat on Friday night

Tha mi 'n dòchas gu faigh thu bradan no dhà : I hope you get a salmon or two

Seadh, no 's dòcha fiadh : Yes, or perhaps a deer

Verses and Translations from some Gaelic Songs

(1) *Suas leis a' Ghàidhlig*

Togaibh i, togaibh i, cànan ar dùthcha,
Togaibh a-suas i gu h-inbhe ro chliùitich,
Togaibh gu daingeann i 's bithibh rith' bàidheil,
Hi ho-ro togaibh i, suas leis a' Ghàidhlig.

Si cànan na h-òige, si cànan na h-aois,
Si cànan ar sinnsrean, si cànan ar gaoil,
Ged a tha i nis aosd tha i reachdmhor is treun,
Cha do chaill i a clì 's cha do strìochd i fo bheum.

Translation

Uphold it, uphold it, the speech of our country,
Raise it up to a most honourable state,
Uphold it steadfastly and show your love for it,
Hi ho, uphold it, uphold the Gaelic.

The speech for youth and the speech for age,
Our ancestors' speech, the speech we love,
Though it is old, it is spirited, strong,
It still has its power, has not yielded to blows.

(2) *Soraidh leibh is oidhche mhath leibh*

Soraidh leibh is oidhche mhath leibh,
Oidhche mhath leibh 's beannachd leibh,
Guidheam slàint a ghnàth bhith mar ruibh,
Oidhche mhath leibh 's beannachd leibh.

Chan eil inneal ciùil a ghleusar
Dhùisgeas smuain mo chléibh gu aoidh
Mar ni duan o bheòil nan caileag,
Oidhche mhath leibh 's beannachd leibh.

Translation

Fare you well and good-night to you,
Good-night to you, blessings too,
Health, I pray, be always with you,
Good-night to you, blessings too.

No instrument of music 's tuned
That wakes to joy thoughts in my breast
As does a song from lips of lassies,
Good-night to you, and be blessed.

(3) *U-bhi, à-bhi*

U-bhi, à-bhi, ù-bhi, à-bhi,
Air do shlàint, a Mhàiri 'n doctair,
U-bhi, à-bhi, ù-bhi, à-bhi,
Siud ort fhéin, a Mhàiri.

Bidh an t-òr a' gliogadaich
Air banais rìomhach Màiri 'n doctair,
Bidh an t-òr a' gliogadaich
Air banais rìomhach Màiri.

Translation

U-bhi, à-bhi, ù-bhi, à-bhi,
Here's to Màiri, doctor's daughter,
U-bhi, à-bhi, ù-bhi, à-bhi,
Here's to you, my Màiri.

Golden sovereigns will be clinking
At the doctor's daughter's wedding,
Golden sovereigns will be clinking
At Màiri's lovely wedding.

(4) *Crodh Chailein*

Gun tugadh crodh Chailein
Dhomh bairinn' air an raon,
Gun chuman, gun bhuarach,
Gun luaircean, gun laogh.

Séisd Crodh Chailein mo chridhe,
Crodh Chailein mo ghaoil,
Gun tugadh crodh Chailein
Dhomh bairinn' air an fhraoch.

Gu bheil sac air mo chridhe,
'S tric snigh' air mo ghruaidh,
Agus smuaircean air m'aigne
Chùm an cadal seo bhuam.

Cha chaidil, cha chaidil,
Cha chaidil mi uair,
Cha chaidil mi idir
Gus an tig na bheil uam.

Translation

Colin's cattle would give me
Plenty milk in the field,
Without pail, without fetter,
With neither fetter nor calf.

Chorus Colin's cattle my dear ones,
Colin's cattle beloved,
Colin's cattle would give me,
In the heather, their milk.

My heart is weighed down,
And my cheek marked by tears,
And dejection of spirit
Has kept sleep away.

I'll not sleep, no I'll not sleep,
I'll not sleep an hour,
I will not sleep at all now
Till the missing one comes.

(5) *Fear a' Bhàta*

'S tric mi sealltainn o'n chnoc as àirde
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta,
An tig thu 'n diugh no an tig thu màireach,
'S mur tig thu idir, gur truagh a tà mi.

Séisd Fhir a' bhàta 's na hó-ro éile,
Fhir a' bhàta 's na hó-ro éile,
Fhir a' bhàta 's na hó-ro éile,
Mo shoraidh slàn leat gach àit' an téid thu.

Tha mo chridhe-sa briste, brùite,
'S tric na deòirean a' ruith o m' shùilean,
An tig thu nochd, no 'm bi mo dhùil riut,
No 'n dùin mi 'n dorus le osna thùrsaich.

Gheall mo leannan dhomh gùn dhe'n t-sioda,
Gheall e sin agus breacan riomhach,
Fàinn' òir anns am faicinn iomhaigh,
Ach 's eagal leamsa gun dèan e dì-chuimhn'.

Thug mi gaol duit 's chan fhaod mi àicheadh,
Cha ghaol bliadhna 's cha ghaoil ràithe,
Ach gaol a thòisich nuair bha mi 'm phàisde
'S nach searg a chaoidh gus an claidh am bàs mi.

Free Translation (by Lachlan Macbean)

I climb the mountains and scan the ocean,
For thee, my boatman, with fond devotion,
When shall I see thee? today? tomorrow?
Oh, do not leave me in lonely sorrow.

Chorus O my boatman, na hó-ro éile,
O my boatman, na hó-ro éile,
O my boatman, na hó-ro éile,
Happy be thou where'er thou sailest.

Broken-hearted I droop and languish,
And frequent tears show my bosom's anguish,
Shall I expect thee tonight to cheer me,
Or close the door, sighing sad and weary?

My lover promised to bring his lady
A silken gown and a tartan plaidie,
A ring of gold which would show his semblance,
But, ah! I fear me for his remembrance.

I may not hide it — my heart's devotion
Is not a season's brief emotion;
Thy love in childhood began to seize me,
And ne'er shall fade until death release me.

Continuous Narration

The passages of Continuous Narration, and the complete Vocabulary for these, are written in the revised Gaelic spelling which has newly been recommended (1979) by a specially constituted committee of the Examinations Board. The revised spelling uses only one accent (the grave) to mark vowel length, makes less use of apostrophes, and more use of the hyphen to join closely bound words or elements, e.g. *a-null*, *a-rithist*. Among other small changes, it uses *a* rather than *u* for the obscure vowel, thus *comann* rather than *comunn*.

Each passage is loosely based on named sections of the Handbook, but expands the vocabulary of these sections and introduces new idiom. Consult the Vocabulary for any unfamiliar words: in fact, all the words in the passages are included in the Vocabulary. Remember in looking up the Vocabulary that you have usually to disregard the aspiration (-h) at the beginning of a word, e.g. for *dhùisg*, the past tense, consult *dùisg*; for *bhrèagh* (the feminine adjective) consult *brèagh*.

1

(See pages 12 and 13)

Dhùisg mi aig fichead mionaid gu ochd. Bha madainn bhrèagh ann. Chuimhnich mi gur h-e Disathairne a bh'ann, agus gun robh mi an dùil dol air an trèana a-null a Ghlaschu. Cheannaich mi bileag nuair ràinig mi an stèisean. Chosg i dà nota. Bha mi uair-a-thìde anns an trèana, agus ràinig mi Glaschu aig deich mionaidean an dèidh deich. Bha là sona agam an sin, agus thill mi dhachaigh aig ceithir uairean.

2

(See pages 15-17)

Nuair thill mi dhachaigh á Glaschu, thòisich mi a' dèanamh mo dhinneir. Bha mi air stèic a cheannach anns a' bhaile, agus an dèidh dhomh am buntàta a rùsgadh, chuir mi anns a' phana iad, agus thòisich mi a' ròstadh na stèic. Chuir mi rud beag piobair agus salainn oirre an toiseach, agus gheàrr mi uinnean na phiosan is chuir mi sin air a' phana cuideachd. Bha aran coirc agam, agus im is càis, agus rinn mi poit de chofaidh. Nuair a bha an dinnear deiseil, shuidh mi aig a' bhòrd, agus chòrd e rium fìor mhath, ged nach robh brot no mìlsean agam. Cha robh feum agam air tuilleadh.

3

(See pages 18-21)

Nuair a dh'èirich Màiri bheag thuir a màthair rithe gum feumadh iad a dhol don bhùth-aodaich a cheannach aodach samhraidh.

"Aodach-samhraidh dhòmhsa?" dh'fhaighnich Màiri.

"Dhutsa", thuir a màthair, "agus is dòcha do Mhamaidh cuideachd."

"Tha mise ag iarraidh aodach brèagh le dathan ann," thuir Màiri, "buidhe is uaine is gorm is pinc; chan eil mi ag iarraidh aodach dorch lachdann idir."

Thug a màthair sùil oirre, is chuir i an uair sin a làmh air a ceann: "Socair ort," ars ise. "Cha do ràinig sinn a' bhùth fhathast. Cùm do theanga na do phluic greiseag fhathast. Agus gabh do bhracaist. 'S fheàrrde do stamag grèim bidhe bhith innte mus fhalbh sinn."

Ach bha eanchainn Màiri air bhoil, is cha robh fois air cas no làmh, 's i smaoineachadh air dreasachan pinc is stocainnean purpaidh is còta gorm is cuarain dhonna is bonaid le riobanan còrcair ann.

Ach bha i fada ro chiallach son smaoineachadh gun tigeadh gach dath dhiubh sin a-rèir a chèile air an aon là samhraidh.

4

(See pages 22-26)

Aig deireadh an Og-mhìos chaidh Calum agus a bhràthair Tormod is a phiuthar Seònaid, còmhla ri an athair 's am màthair gu taigh an seanar 's an seanmhar. Bha an t-side blàth agus tioram, is an t-adhar soilleir gorm nuair a thog iad orra anns a' chàr, agus a-rèir coltais 'se là àlainn samhraidh a bha gu bhith ann.

Chuimhnich iad air an turas mu dheireadh a chaidh iad gu taigh an seanar, aig àm na Bliadhn' Uire, nuair a bha an Dùbhlachd a' tighinn gu ceann le uisge 's le clachan-meallain, is bha iad toilichte leis an aimsir seo a bh'aca.

Bha mòran dhaoine an còmhnaidh timcheall air taigh an seanar: bràithrean is peathraichean-màthar, agus Màiri is Anna is Uilleam is Seòras, na co-oghaichean aca fhèin.

Abair èigheachd nuair a ràinig iad. "Ciamar a tha thu?" is "Ciamar a tha thu fhèin?" "Greas ort 's thèid sinn dh'an chladach" agus "Tha uan beag dubh ann am bliadhna." "Tha trì piseagan aig Ciarag is laogh aig Sealbhag," agus mòran eile de n t-seòrsa sin gus an do leig iad oidhche mhath le chèile.

Bha barrachd tìde aig an athair 's am màthair an uair sin airson còmhraidh a dhèanamh ri Seanair 's ri Seanmhair.

(See pages 27–31)

Chaidh sinn a dh'fhuireach gu taigh ùr o chionn ghoirid. 'Sann ann am baile beag air a' Ghaidhealtachd a tha e, agus ged a tha bùithtean gu leòr ann, tha an dùthaich mun cuairt oirnn, is chì sinn cnuc is beanntan, uillt is craobhan air gach taobh dhinn. Tha loch faisg oirnn cuideachd, le tràigh bhrèagh gainmhich, ach tha sinn ag ionndrain na mara. Co-dhiù, tha a' mhòinteach is na beanntan àlainn cuideachd.

Tha dà lobhta anns an taigh, agus sglèat air a mhullach. A thuilleadh air seòmar-suidhe, seòmar-ithe is seòmar-leughaidh, tha trì seòmraichean-cadail ann, cidsin le uinneig mhòir às am faic thu an gàrradh is na beanntan, agus seòmar-ionnlaid.

Tha oifis-puist is banca anns a' bhaile bheag, agus bùithtean anns am faigh sinn gach goireas. Tha bùth-èisg ann cuideachd, agus an là mu dheireadh bha mi ann am bùth an èisg, bha bradain bhrèagha aca. Dh'èirich mo chridhe — gus am faca mi a' phrìs! Tha bùth bheag ann anns am faigh sinn glasaich is measan, agus ged a tha bùth a' bhèiceir beag tha i math. Chan fhaic thu sanasan-reic air na ballachan air an t-sràid, mar a chì thu anns a' bhaile-mhòr, agus cha mhisde duine sin.

(See pages 32–34)

Nuair a bhios duine a' fuireach ann am baile mòr chan fhaic e, anns a' chumantas, de ainmhidhean ach cat is cù is corra each. Feumaidh e dhol gu sutha airson ainmhidhean eile fhaicinn. Ach air an dùthaich an seo tha crodh is caoraich is eich timcheall oirnn, agus tha na rabaidean glè phailt. Chì thu feòrag an dràsda 's a-rithist, agus neas corra uair, agus tha fèidh anns an fhrith, is an damh donn air an ceann. Tha bric is bradain anns an h-aibhnichean cuideachd, is tha a' chearc-fhraoich pailt air na monaidhean. Mar sin, ma tha toil aig duine a bhith ri sealg no ri iasgachd, tha gu leòr mu a choinneamh.

Bha mi anns a' ghàrradh an oidhche roimhe, nuair a chaidh sgaoth dhruidean seachad. Bha an t-adhar dubh leo airson mionaid, agus thuirt mi rium fhìn: "Tha seo thugad, a Ghlaschu nan stiopall!"

Tha goilf agus ball-coise a' dol an seo cuideachd, agus sgitheadh air uisge. Agus nuair a thig an gheamhradh, ged nach eil taigh-cluiche no taigh-dhealbh faisg oirnn, tha fhios gum bi corra chèilidh ann, agus tha an telebhisean gar ruighinn nuair a chuimhniceas sinn air.

(See pages 39–44)

Ann am baile beag den t-seòrsa seo, chuireadh e iongnadh ort a liuthad dreuchd agus ceàird a tha aig daoine. Tha innleadairean ann, dotairean is luchd-teagaisg, ban-rùnairean is gillean-bùtha is fir-lagha, bancairean is plumairean. Tha saoir ann cuideachd, is aon chlachair, agus tha geamair a' fuireach faisg air a' bhaile.

Tha comann anns a' bhaile a bhios a' cur air adhart chlasaichean, agus tha coinneamh aca gach seachdain. Air an t-seachdain seo chaidh bha fear-teagaisg aca às an Oilthigh as fhaisge 's e a' bruidhinn air reul-eòlas. An ath-sheachdain bidh fear á Dun Eideann aca a' bruidhinn air na seann dùin is na togalaichean a bh'ann o chionn suas ri dà mhìle bliadhna, oir tha mòran a' gabhail suim ann an àrsaidheachd. Tha dùil againn a-rithist ri sgrìobhadair ainmeil a bheir dhuinn a bheachd air na nobhailean 's na sgeulachdan a tha gan sgrìobhadh an Albainn an diugh, agus tillidh sinn an uair sin gu eachdraidh no tìr-eòlas, agus bheir sinn cuairt, air film, gu dùthchannan fad-às.

Cuiridh sin pàirt den gheamhradh seachad dhuinn, agus nuair a thig an samhradh is dòcha gun teid sinn cuairt air làithean-saora. Tha mise airson an Roinn Eòrpa fhaicinn, An Fhraing is dòcha, no An Eadailt, agus ma theid sinn an sin feumaidh sinn cead-dol-thairis no cèin-chead fhaighinn. Ach ma theid sinn a Shasainn cha bhi feum air sin — fhathast co-dhiù!

Vocabulary of Continuous Narration Passages

(Abbreviations used are: dat.-dative, gen.-genitive, inf.-infinitive, lit.-literally, phr.-phrase, pl.-plural. The plural form is often added after the singular e.g. *ainmhidh*, -*ean*)

A

a his, her, its, their
a that, who
a (reduced form of *do*) to
á from
a', *ag* particle used with verbal noun
 e.g. *a' dèanamh* making
a' the
a-null over
a-rèir according to
a-rithist again
abair what (a)!
aca at them
ach but
adhar sky
adhart in phr. *air adhart* forward
agam at me; *bha* --- *agam* I had
agus and
aibhnichean pl. of *abhainn* river
aig at
aimsir weather
ainmeil famous
ainmhidh, -*ean* animal
air on; *air an dùthaich* in the country
air after; *bha mi air* I was after (= I had)
airson for, in order to
àlainn lovely
Albainn dat. of *Alba* Scotland
allt stream
am the
àm time
an the

an in
an dèidh after
an sin then, there
an toiseach at first
ann in (it)
Anna Ann, Annie
anns a'/an in the
aodach clothes; *aodach-samhraidh*
 summer clothes
aon one, the same
aran coirc oatcake(s)
ars said
àrsaidheachd archaeology
às an from the
ath-sheachdain next week
athair father

B

baile village, town
baile-mòr city
ball-coise football
balla, *ballachan* wall
ban-rùnaire, -*an* secretary (female)
banca bank
bancair banker
barrachd more
beachd opinion, view
beag little, small
beanntan pl. of *beinn* mountain
bèicear baker
bh'ann was in it
bha (it) was
bheir will give

bhios is/are (accustomed to)
bhith to be, being; *bha gu bhith ann*
 it was to be
bidh there will be
bidhe gen. of *biadh* food
bileag ticket
blàth warm
bliadhna year; *am bliadhna* this
 year
boil turmoil; *air bhoil* in a turmoil
bonaid bonnet
bracaist breakfast
bradan, *bradain* salmon
bràthair, *bràithrean* brother
brèagh fine, bonny
bric pl. of *breac* trout
brot soup
bruidhinn talking
buidhe yellow
buntàta potatoe(s)
bùth, *bùithean* shop
bùth-aodaich clothes shop
bùth-èisg fish-shop

C

càis cheese
Calum Callum, Malcolm
caoraich pl. of *caora* sheep
càr car
cas foot
cat cat
cead-dol-thairis passport
ceàird trade
ceann head, end; *air an ceann* at
 their head, leading them
ceannach buying; *bha mi air stèic a*
cheannach I had bought a steak
ceannaich buy

cearc-fhraoich grouse (female)
cèile fellow, spouse; *a chèile* each
 other; *le chèile* with each other
cèilidh ceilidh
cèin-chead passport
ceithir four
chaidh went; *air an t-seachdain seo*
chaidh this past week
cha(n) not; *chan eil mi* I am not
chì see, will see
chuireadh it would put
ciallach sensible
ciamar? how?
Ciarag Darcy
cidsin kitchen
clachair mason
clachan-meallain hailstones
cladach shore
clasaichean pl. of *clas* class
cnuic pl. of *cnoc* hill
co-dhiù however, at any rate
co-ogha pl. *co-oghaichean* cousin
 (lit. co-grandchild)
cofaidh coffee
coinneamh meeting; *mu a ch.*
 facing him, available
coltas appearance; *a-rèir coltais* it
 seems
comann society
còmhla ri along with
còmhnaidh in phr. *an còmhnaidh*
 always
còmhradh talk, conversation
còrcair crimson
còrd please; *chòrd e rium*
 I enjoyed it (lit. it pleased to me)
corra (an) occasional
cosg cost

còta coat
 craobh, -an tree
 cridhe heart; *dh'èirich mo chridhe*
 my spirits rose
 crodh cattle
 cù dog
 cuairt circuit, trip; *mun cuairt*
 (oironn) around (us)
 cuaran, pl. *cuarain* sandal
 cuideachd also, as well
 cuimhnich remember; *nuair a*
chuimhnicheas sinn air when we
 remember it
 cuir put
 cuiridh will put
 cùm keep
 cumantas usualness, normality;
anns a' ch. normally
 cur putting; *cur air adhart*
 arranging, promoting

D
 dà two
 damh stag
 daoine pl. of *duine* man, person
 dath, -an colour
 de of; *den* of the
 dèanamh making, doing
 deich ten
 deireadh end; *mu dheireadh* last
 deiseil ready
 dh' used with past tense and inf. of
 verbs beginning with *f* or vowel
 dh'an to the
 dhachaigh home
 dhinn of us
 dhiubh of them

dhomh to me; *an dèidh dhomh am*
buntàta a rùsgadh after I had
 peeled the potatoes
dhòmhsa for me
dhuinn to us, for us
dhutsa for you
 dinnear dinner
 Disathairne Saturday
diugh in phr. *an diugh* today
 do particle used sometimes with
 past tense of verb
 do your (singular)
 do to; *don* to the
 dòcha likely, probable; *is dòcha*
 perhaps
 dol going, to go
 donn pl. *donna* brown
 dorch dark
 dotair, -ean doctor
 dràsda in phr. *an dràsda* now
 dreasa, -chan dress
 dreuchd profession
 druid starling
 dubh black
 Dùbhlachd December
 dùil expectation; *bha mi an dùil*
 I expected
 dùisg waken
 dùn pl. *dùin* fort, dun
 Dun Eideann Edinburgh
 dùthaich, pl. *dùchannan* country,
 countryside

E
 e he, it
 each horse
 eachdraidh history
 Eadailt, An Italy

eanchainn brain
eich pl. of *each* horse
èigheachd shouting
eil am, is, are
eile other, besides
èirich rise, get up
èisg gen. of *iasg* fish

F
faca saw
fad-às far away
fada far
faic see
faicinn seeing
faigh get
faighinn getting, to get
faighnich ask
faisg near
faisge nearest
falbh go
feàirde better (of it); 's *fheàirde* do
stamag your stomach is the better
 of
fear a man
fear-teagaisg teacher
feidh pl. of *fiadh* deer
fèin self
feòrag squirrel
feum need
feumadh in phr. *gum feumadh iad*
 that they would need; *feumaidh e*
 he will need
fhathast yet, still, so far
fhèin, fhin self
Fhraing, An France
fichead twenty
film film

fios knowledge; *tha fios gum bi*
 undoubtedly there will be
fior true, truly, excellently
fir-lagha pl. of *fear-lagha* lawyer
fois rest
frith deer forest
fuireach waiting, staying

G
gabh take
gabhail taking
gach each, every
Gaidhealtachd, A' Ghaidhealtachd
 the Highlands
gainmheach sand
gar at our
gàr radh garden
geamair gamekeeper
geamhradh winter
geàrr cut; *gheàrr mi* I cut
ged though
gille-bùtha, pl. *gilleann-b.* shop
 assistant (male)
Glaschu Glasgow
glasraich vegetables
glè very
goireas requirement
goirid short
goilf golf
gorm blue
greas hurry; *greas ort* you hurry up
grèim a bite, particle
greiseag a short while
gu to
gun that
gur that
gus until

I

i she, it
iad they, them
iarraidh want, wanting
iasgachd fishing
idir at all
im butter
innleadair, -ean engineer
inntè in her
iongnadh wonder, amazement
ionndrain missing
is and
is it is
ise she (emphatic)

L

là day
lachdann dark, dingy
làithean-saora holidays
làmh hand
laogh calf
le with
leig let; *leig iad oidhche mhath le chèile* they bade each other good-night/said good-night
leis an with the
leo with them
leòr sufficient; *gu leòr* enough, plenty
liuthad in phr. *a liuthad* how many
lobhta storey
loch loch
luchd-teagaisg teachers

M

ma if
madainn morning
Màiri Mary

Mamaidh Mummy
mar sin so, thus
mara gen. of *muir* sea
math good, well
màthair mother
meas, -an fruit
mi I, me
mìle thousand
mìlsean sweet, pudding
mise I (emphatic)
mionaid, -ean minute
mìse worse (of it); *cha mhisde duine sin* a man is none the worse of that
mo my
mòinteach moor
monaidhean, pl. of monadh moor
mòran many
mu about; *mu dheireadh* last
mullach top, roof
mus before

N

na (gen. of fem. def. art., pl. of def. art.) the
na in it, in his, in her; *na do* in your
nach not, that - - - not; *ged nach robh brot agam* though I did not have soup
neas weasel
no or
nobhail, -ean novel
nota note, £1
nuair when

O

o from; *o chionn* since; *o chionn ghoirid* a short time ago

ochd eight
Og-mhios June
oidhche night
oifis-puist post office
Oilthigh University
oirnn on us
oirre on her, on it
orra on them
ort on you (singular)

P

pailt plentiful
pàirt part
pana pan
peathraichean-màthar, pl. of piuthar-màthar aunt (lit. mother's sister)
pinc pink
piobar pepper
pìos, -an piece
piseag, -an kitten
piuthar sister
pluic cheek
plumair, -ean plumber
poit pot
pris price
purpaidh purple

R

rabaid rabbit
ràinig reached, arrived
rèir in phr. *a-rèir* according to
reul-eòlas astronomy
ri to, at (engaged in)
rinn made
rioban, -an ribbon
rithe to her
rium to me; *rium thin* to myself
ro too

robh was
roimhe previously; *an oidhche roimhe* the other night
Roinn Eòrpa, An Europe
ròstadh roasting, frying
rud thing; *rud beag* a little
ruighinn reaching
rùsgadh peeling

S

's and; is
salann salt
samhradh summer
sanas-reic, sanasan-r. advertisement
saor, pl. saoir joiner
Sasainn England
seachad past
seachdain week
Sealbhag Provident one (a cow's name)
sealg hunting
seanair grandfather
seanmhair grandmother
seann old, ancient
seo this; *an seo* here
seòmar-cadail, pl. seòmraichean-c. bedroom
seòmar-ionnlaid bathroom
seòmar-ithe dining-room
seòmar-leughaidh study
seòmar-suidhe sitting-room
Seònaid Jessie
Seòras George
seòrsa sort, kind
sgaoth flock
sgeulachd, -an story
sgitheadh ski-ing
sglèat slate

sgriobhadair writer
sgriobhadh writing
side weather
sin that, these
sinn we
smaoineachadh thinking
socair easy; *socair ort* hold on, stop
soilleir bright
son for, in order to
sona happy
sràid street
stamag stomach
stèic steak
stèisean station
stìopall steeple
stocainn, -ean stocking
suas ri up to
suidh sit
sùil eye
suim interest
sutha zoo

T

taigh house
taigh-cluiche playhouse, theatre
taigh-dhealbh cinema
taobh side
teanga tongue
tèid, thèid will go
telebhisean television
thig come(s)
thu you (singular)
thug gave; *thug a màthair sùil oirre*
 her mother looked at her (lit. gave
 an eye on her)
thugad to you; *tha seo thugad!* look
 out!
thuirt said

tide time
tig come, suit; *gun tigeadh gach*
 dath a-rèir a chèile that each
 colour would blend with the
 others
tighinn coming
till return
tillidh will return
timcheall (air) round, around
tioram dry
tìr-eòlas geography
tog lift; *thog iad orra* they set out
togalach, pl. *togalaichean* building
toil wish, pleasure
toilichte happy
thòisich begin; *thòisich mi*
 I began
Tormod Norman
tràigh shore (often sandy)
trèana train
trì three
tuilleadh more, any more; *a*
 thuilleadh air in addition to
turas time

U

uaine green
uair, -ean time, hour, o'clock; *an uair*
 sin then
uair-a-thìde an hour (of time)
uan lamb
Uilleam William
uillt pl. of *allt* stream
uinneag window
uinnean onion
uisge rain, water
ùr new

Gairm Publications, the leading Gaelic Publishers, sell all sorts of Gaelic books. Here are some titles you should find useful:

<i>MacLaren's Gaelic Self-Taught</i>	-	-	£2.25
MacAlpine and MacKenzie, <i>Gaelic-English/ English-Gaelic Pronouncing Dictionary</i>	-	-	£6.00
E. Dwelly's, <i>Gaelic-English Dictionary</i> (by far the most comprehensive available)			£9.60
<i>English-Gaelic Key to Dwelly</i>	-	-	£0.75
Calder, <i>A Gaelic Grammar</i>	-	-	£4.00
<i>Gairm</i> , the Gaelic Quarterly Annual Subscription (post free)	-	-	£3.00

Send for Gaelic books, and ask for our Catalogue

GAIRM PUBLICATIONS
29 Waterloo Street
Glasgow, G2
Scotland